



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

PLANA GÀIDHLIG

2015-2020

Tha am plana seo air a dheasachadh fo Earrann 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Aontaichte le Bòrd na Gàidhlig 17 Sultain 2015



Facal-tòiseachaidh

Mar Àrd-oifigear Coimisean na Croitearachd, tha mi toilichte an dàrna ath-thrial all den Phlana Gàidhlig againn a chur an aithne dhuibh.

Tha Gàidhlig agus croitearachd co-cheangailte gu dlùth. Gu dearbh, 's ann a dh'fhaodaist a ràdh gur e croitearachd am balla-dìon as làidire a th' aig a' Ghàidhlig; agus mar an ceudna tha a' Ghàidhlig air taic a chur ri croitearachd agus air a neartachadh, a' cuideachadh le bhith ga cumail stèidhichte tro mhòran atharrachaidhean.

Tha dleastanas reachdail air Coimisean na Croitearachd fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gu bhith gnìomhach ann an adhartachadh a' chànain, ach tha an ceangal gun choimeas le croitearachd a' buileachadh dleastanas a bharrachd oirnn a thuilleadh air dìoghras mu choinneamh na h-obrach seo.

Tha sinn dealasach a thaobh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha am Plana seo a' mìneachadh structar foirmeil airson ar taic don Ghàidhlig, le iomairtean ùra agus targaidean soilleir agus tha dealas làidir air feadh a' Choimisein a thaobh Gàidhlig fhaicinn a' soirbheachadh.

Catriona NicIleathain

Àrd-Oifigear

Coimisean na Croitearachd

Clàr-innse

Facal-tòiseachaidh	2	Error! Bookmark not defined.
Geàrr-iomradh	4	Error! Bookmark not defined.
Ro-ràdh	5	Error! Bookmark not defined.
Suidheachadh co-theacsa airson leasachadh Phlanaichean Gàidhlig	5	
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005	5	
Riathanas air Plana Gàidhlig ullachadh	6	
Aonta do Phlana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd	6	
Co-chomhairleachadh air dreach Plana Gàidhlig	7	
Gàidhlig ann an Alba	7	Error! Bookmark not defined.
Coimisean na Croitearachd	7	Error! Bookmark not defined.
Gàidhlig an taobh a-staigh raon obrachaidh a' Choimisein	8	
Gàidhlig an taobh a-staigh Coimisean na Croitearachd	9	
In-sgrùdadh air Comasachd Gàidhlig		Error! Bookmark not defined.
Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorporra	12	
Buidhean Planaidh agus Poileasaidh don Ghàidhlig	13	
Prìomh-shruthadh Gàidhlig		Error! Bookmark not defined.
Dealas do chinn-uidhe Plana Nàiseanta na Gàidhlig	13	
Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean	13	
Foghlam	13	
Coimhearsnachd	13	
An t-Àite-obrach	14	
Meadhanan agus Ealain; Dualchas is Turasachd	14	
Corpas	14	
Prìomhachasan Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba	14	
Dealasan a' Phlana	15	
Dealasan Àrd-Ireil	15	
Dealasan Coitcheann Seirbheis	15	
Faicsinneachd	17	
Luchd-obrach	19	
Obrachadh bho Latha gu Latha	24	
Conaltraidhean	31	
Corpas	36	
Buileachadh agus Sgrùdadh	38	
Clàr-ama	38	
Follaiseachadh a' Phlana	38	
Goireasachadh a' Phlana	38	
Sgrùdadh air Buileachadh a' Phlana	38	
Eàrr-ràdh 1 – In-sgrùdadh air Comasachd Ghàidhlig	39	
Eàrr-ràdh 2 – Builean a' Cho-chomhairleachaidh	43	

Geàrr-iomradh

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd, air a dheasachadh an taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus tha e a' mìneachadh mar a bhios am buidheann a' cleachdadh na Gàidhlig ann an cur an cèill a dhleastanasan, mar a chomasaicheas e cleachdadh air a' Ghàidhlig nuair a thathar a' conaltradh leis a' phoball agus le prìomh chom-pàirtichean, agus mar a bhios e ag adhartachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig.

Tha Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd air a dheasachadh ann an co-rèir ri slatan-tomhais reachdail mar a tha air an cur sìos ann an Achd 2005, le urram ga thoirt do *Phlana Nàiseanta na Gàidhlig* agus *Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

Ro-ràdh

Suidheachadh co-theacsa airson leasachadh Phlanaichean Gàidhlig

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba leis an amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla.

Is e aon de phrìomh fheartan Achd 2005 Bòrd na Gàidhlig (prìomh bhuidheann leasachaidh Riaghaltas na h-Alba) a chomasachadh gu a dhèanamh riatanach do bhuidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Bha an t-solar seo air a dheilbh gus a dhèanamh cinnteach gum bi an roinn phoblach ann an Alba com-pàirteachadh ann an cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig mu choinneamh an ama ri teachd, le bhith ag àrdachadh a h-inbhe agus a h-ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman dèanadach airson a chleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd air a dheasachadh an taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a bhios sinn a' cleachdadh na Gàidhlig ann an cur an cèill ar dleastanasan, mar a chomasaicheas sinn cleachdadh air a' Ghàidhlig nuair a thathar a' conaltradh leis a' phoball agus le prìomh chom-pàirtichean, agus mar a bhios sinn ag adhartachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig.

Tha Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd air a dheasachadh ann an co-rèir ri slatan-tomhais reachdail mar a tha air an cur sìos ann an Achd 2005, le urram ga thoirt do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Riathanas air Plana Gàidhlig ullachadh

Tha an riathanas air buidheann poblach gu Plana Gàidhlig ullachadh air a thòiseachadh le Bòrd na Gàidhlig a bhith a' cur a-mach fios foirmeil a rèir sin fo earrann 3 de Achd 2005. Chuir Coimisean nan Croitearan a bh' ann ro Coimisean na Croitearachd, a-steach Plana Gàidhlig gun Bhòrd airson a' chiad uair ann an 2009. Nuair a chaidh Coimisean na Croitearachd a stèidheachadh ann an 2012, chaidh am Plana Gàidhlig ùrachadh gus an t-atharrachadh seo a nochdadh agus chuireadh e chun a' Bhùird airson aonta.

Bidh an dàrna ath-thriall seo den Phlana Ghàidhlig airson 2015 – 2020 a' togail air an eòlas a thogadh bho bhuileachadh a' chiad phlana, a' leasachadh dhealasan àrd-amasach agus ceanglaichean nas làidire le Gàidhlig sa bheatha làitheil ann an coimhearsnachdan croitearachd.

Aonta do Phlana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd:

Thèid Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta san Ògmhios 2015.

Co-chomhairleachadh air dreach Plana Gàidhlig

Tha Achd 2005 ga dhèanamh riatanach do bhuidhnean poblach ullachadh air Plana Gàidhlig a thoirt gu aire phàrtaidhean le ùidh uile. Tha Coimisean na Croitearachd air co-chomhairleachadh gu poblach air an dreach den Phlana Gàidhlig aca agus air cunntas a ghabhail do riochdachaidhean a chaidh a dhèanamh dha tron phròiseas co-chomhairleachaidh.

Tha an dàrna ath-thriall seo den Phlana airson 2015-2020 a' togail air a' chiad Phlana agus tha an Coimisean air ath-sgrùdadh a dhèanamh air targaidean, builean agus adhartas a' Phlana thùsail. Bha an dreach plana ri fhaotainn air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd airson 6 seachdainean bho 13 Cèitean 2015 a' fiathachadh bheachdan bhon phoball. Chaidh an dreach plana a chur air adhart tro na meadhanan sòisealta agus fhuair am poball cuireadh am beachdan air an dreach a chur a-steach air post-d.

Gàidhlig ann an Alba

Tha coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig mar phàirt iomlan de dhualchas, fèin-aithne agus beatha chultarach na h-Alba. Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh nan cinn-uidhe a tha air am mìneachadh ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus air an structar riatanach is iomairtean a chur nan àite gus a dhèanamh cinnteach gum bi seasmhachd aig a' Ghàidhlig ann an Alba san àm ri teachd.

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil suidheachadh na Gàidhlig air leth cugallach agus ma tha a' Ghàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, bidh oidhirp maraon bhon riaghaltas, na h-earrannan poblach is priobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth a dhìth, gus:

- *inbhe na Gàidhlig a neartachadh;*
- *togail agus ionnsachadh air a' Ghàidhlig adhartachadh;*
- *meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.*

Coimisean na Croitearachd

Is e NDPB (buidheann poblach neo-roinneil) a th' ann an Coimisean na Croitearachd agus is e an riaghlaidhe air croitearachd. Tha e ag obair gus croitearachd a dhèanamh tèarainte mu choinneamh an ama ri teachd le bhith a' cruthachadh agus ag adhartachadh siostam croitearachd deagh riaghlaidhe a tha a' cur gu dearbhach ri seasmhachd nan coimhearsnachdan dùthchail.

Is e siostam de ghabhaltas-fearainn a th' ann an croitearachd a tha air leth don Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan ann an Alba. Is e gabhaltas fearainn àiteachais meadhanach beag a th' ann an croit, 5 heactairean mar as trice, agus gu h-àbhaisteach air a chumail ann an gabhaltas. Dh'fhaodadh gum bi no nach bi togalaichean no taigh co-cheangailte ris. Tha mu thuaiream 18,000 croit, air am foirghlacadh le timcheall air 10,000-12,000 fàrdaich croitearachd a' dèanamh suas àireamh-sluaigh iomlan de mu 33,000.

Chaidh Coimisean na Croitearachd a stèidheachadh ann an 2012 gus Achd nan Croitearan (Alba) 1993 a rianachd mar a chaidh atharrachadh leis an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2007 agus an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010.

Structar

Tha Bòrd Choimiseanairean Croimisean na Croitearachd air a dhèanamh suas de 9 Choimiseanairean. Chaidh triùir de na Coimiseanairean fhadastadh le Ministear na h-Àrainneachd, Atharrachadh Gnàth-shìde agus Ath-leasachaidh Fearainn agus chaidh 6 Coimiseanairean a thaghadh leis na croitearan. A thuilleadh air a bhith a' frithealadh sgìre shònraichte, bidh Coimiseanairean a' suidhe còmhla mar Bhòrd gus poileasaidhean a shuidheachadh agus co-dhùnaidhean a dhèanamh air iarrtasan a tha toinnte. Tha coinneamhan Bùird air an cumail gu poblach.

Is e seirbheisichean catharra Riaghaltas na h-Alba a th' ann an 62 ball luchd-obrach a' Choimisein, agus iad cunntachail do Mhinistearan na h-Alba a tha iad fhèin cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba.

Tha oifis Coimisean na Croitearachd stèidhichte ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis. Bidh Coimisean na Croitearachd a' foillseachadh na h-Aithisg Bhliadhnail anns an dà chuid Beurla agus Gàidhlig agus ann an àireamh de mhodhan conaltraidh eile, a' gabhail a-steach na làraich-lìn a tha dà-chànanach.

Gàidhlig an taobh a-staigh raon obrachaidh a' Choimisein

Tha àite cudromach air a bhith aig croitearachd ann an comasachadh dhaoine gu bhith a' fuireach agus ag obair anns a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, agus a' cuideachadh le sgoiltean dùthchail agus seirbheisean deatamach eil a chumail a' dol ag obrachadh ann an cuid de na sgìrean dùthchail as iomallaiche ann an Alba. Tha pàirt shònraichte air a bhith aig croitearachd ann an cumail suas chultaran ionadail ann an coimhearsnachdan na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha innse sgeulachdan is bàrdachd, ciùird leithid snìomh is fighe, ceòl agus subhachasan seusanail nan taobhan uile de chultar nan coimhearsnachdan croitearachd, agus tha an cànan air prìomh phàirt a ghabhail nan gleidheadh. Tha coimhearsnachdan ann an Arcaibh is Sealtainn air an ceanglaichean Lochlannach a ghleidheadh, agus tha a' Ghàidhlig air fuireach nas làidire ann an sgìrean croitearachd leithid nan Eileanan Siar.

Tha a' Ghàidhlig gu traidiseanta air a bhith mar chànan nan sgìrean croitearachd leithid Gallaibh, Cataibh, Ros is Cromba, Inbhir Nis, Earra-Ghàidheal agus na h-Eileanan Siar, le Gàidhlig mar a' chiad chànan aig mòran de na croitearan a bu shine sna sgìrean sin. Tha seallaidhean làidir den chànan 's den chultar Ghàidhlig am follais cuideachd air feadh cheàrnaidhean a tuath agus an iar Alba, air fhaicinn gu h-àraid ann an ainmean àiteachan. San àm a dh'fhalbh, thàinig mòran sgoilearan, bàird, sgrìobhadairean agus luchd-ciùil ainmeil a-mach à bailtean croitearachd. Bu mhath le Coimisean na Croitearachd sgìrean croitearachd fhaicinn a' leantainn air adhart a' toradh dhaoine le tàlant a bhios a' roinn an cultar 's an cànan le luchd-èisteachd air feadh an t-saoghail a thuilleadh air brosnachadh ùidh agus uair ann an cleachdadh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan aca fhèin.

B' e 57,375 an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a chaidh a chlàradh ann an cunntas-sluaigh 2011, agus 's e sin 1.1% de dh'àireamh-sluaigh na h-Alba. Tha luchd-labhairt na Gàidhlig rin lorg air feadh Alba agus tha dìreach còrr air leth a' còmhnaidh ann an sgìrean na Gàidhealtachd. Is e na h-Eileanan Siar prìomh dhaingneach a' chànain agus tha a' Ghàidhlig air a labhairt leis a' mhòr-chuid den t-sluagh ann an sgìrean Comhairle nan Eilean Siar agus ann am paraiste Chille Mhoire ann an sgìre na Gàidhealtachd.

Tha còrr air 6,100 croit ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar agus mu 2,000 san Eilean Sgitheanach a tha a' dèanamh suas 43% de chroitean clàraichte. Tha sgrùdaidhean rannsachaidh air taisbeanadh gu bheil dàimh gu h-àraid làidir eadar co-chuid luchd-labhairt na Gàidhlig agus croitearan clàraichte air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Tha còrr air 50 bun-sgoil air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean a' tabhach foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG) agus tha 27 àrd-sgoil a' tabhach chlasaichean Gàidhlig no teagasg chuspairean tro mheadhan a' chànain.

Ann an 2014-15, bha 5,633 neach-cloinne ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig tarsainn sgìrean croitearachd ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, na h-Eileanan Siar agus a' Ghàidhealtachd:

- Solar Gàidhlig (0-3) – 46 àite
- Sgoiltean-àraich Gàidhlig – 689 neach-cloinne
- Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil – 1625 sgoilear
- Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil – 729 sgoilear
- Foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san àrd-sgoil - 2544 sgoilear

Tha àireamh de chothroman an làthair airson clasaichean Gàidhlig do dh'ìnbhich tarsainn raon obrachaidh a' Choimisein. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig www.learnghaelic.net.

Tha Coimisean na Croitearachd co-shuidhichte le Bòrd na Gàidhlig ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir agus tha raon fharsaing de bhuidhnean Gàidhlig agus buidhnean coimhearsnachd ag obair le Gàidhlig tarsainn raon obrachaidh a' Choimisein (ach a-mhàin Arcaibh is Sealtainn).

Le bhith a' toirt seasmhachd gu coimhearsnachdan croitearachd, tha Coimisean na Croitearachd air buannachd fhaotainn bho chànain is cultar na Gàidhlig san àm a dh'fhalbh, agus le toil taic a chur ri dealas Pàrlamaid na h-Alba a thaobh na Gàidhlig mar a tha air a chur sìos ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig, còmhla ri taic don dealas air a nochdadh do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig ann am Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba.

Gàidhlig an taobh a-staigh Coimisean na Croitearachd

Tha a' Ghàidhlig air a bhith a-riamh na pàirt iomlan den Choimisean a rèir eachdraidh na buidhne agus na ceanglaichean leis an dà chuid croitearan agus buill luchd-obrach le Gàidhlig.

Le bhith ag obair a dh'ionnsaigh lèirsinn Coimisean na Croitearachd de "siostam croitearachd a tha gu dearbhach a' cruthachadh choimhearsnachdan a tha nas fhulangaiche agus nas saidhbir gu cultarach, a tha a' tairgsinn chruthan-tìre agus àrainneachdan air an deagh stiùireadh a tha seasmhach gu sòisealta agus gu h-eaconamach", mar a tha air

aithris sa Phlana Chorpóra, bheirear na toraidhean soirbheachail a leanas gu buil a thaobh taic don Ghàidhlig:

- Meudachadh san luach air a chur air cultar traidiseanta, sgilean agus eòlas co-cheangailte ri croitearachd
- Inbhe chànanan is dhual-chainntean dùthchasach air a thogail an taobh a-staigh na buidhne againn.

Leasaich Coimisean na Croitearachd Poileasaidh Gàidhlig, a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd ann an 2009.

In-sgrùdadh air Comasachd Ghàidhlig

Chuir Coimisean na Croitearachd in-sgrùdadh iomlanach an gnìomh de chomhasachd Gàidhlig a th' ann am bith, mar phàirt den ullachadh airson a' Phlana Ghàidhlig. Chaidh beachdachadh air toraidhean an sgrùdaidh seo nuair a bhathar a' leasachadh dhealasan sa Phlana, agus tha iad air an Coimisean a chuideachadh gu bhith a' dearbhadh mar a stèidhichear chleachdaidhean, mar a chumar suas iad agus mar a leasaichear iad, gus cleachdadh air a' Ghàidhlig a leasachadh.

Chaidh Suirbhidh Gàidhlig a choileanadh sa Mhàrt 2015 air Coimiseanairean agus luchd-obrach a' Choimisein gus an comas air Gàidhlig a labhairt, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn a dhaingneachadh. A-mach à 71 neach fa leth don tugadh cuireadh gu com-pàirteachadh san t-suirbhidh, fhuair eadhon freagairt bho 29 no 41%. Lorg an t-suirbhidh a-mach às na fhreagair gun robh:

- 21% den luchd-obrach fileanta no comasach air còmhradh a chumail ann an Gàidhlig
- 42% comasach air beagan fhacail ann an Gàidhlig a labhairt agus a thuigsinn.
- 35% comasach air fàilte a chur ann an Gàidhlig.
- 11% comasach air Gàidhlig a leughadh gu fileanta.

Tha 11% a bh' anns an t-suirbhidh air cùrsaichean Gàidhlig a fhrithealadh taobh a-muaigh an àite-obrach agus bha 38% air trèanadh Gàidhlig a fhrithealadh anns an àite-obrach. Thuirt 45% de na bha san t-suirbhidh gum bu toil leotha barrachd cleachdaidh air a' Ghàidhlig san àite-obrach agus thuirt 31% gum bu toil leotha luchd-obrach le Gàidhlig còmhraidhean a thòiseachadh ann an Gàidhlig.

Thog àireamh de bheachdan bho luchd-obrach air cleachdadh na Gàidhlig an taobh a-staigh a' Choimisein anns na h-obrachaidhean làitheil:

- Seo an dàrna seachdain agam aig Coimisean na Croitearachd agus tha mi air mo ghlacadh leis an uiread de Ghàidhlig a tha ga cleachdadh gu làitheil anns an oifis.
- Mar oifigear a' dèiligeadh le obair riaghlaidh anns na h-Eileanan Siar, bidh mi gu tric a' còmhradh ri croitearan ann an Gàidhlig – ma thòisicheas iad a' còmhradh ann an Gàidhlig, an dèidh mo dhualchainnt eileanach aithneachadh
- Bidh mi a' còmhradh ann an Gàidhlig ris an luchd-ceannach againn le Gàidhlig gach latha. Bidh mi a' còmhradh ann an Gàidhlig le co-oibrichean eile le Gàidhlig gach latha. Chaidh iarraidh orm cuideachadh le aon de na clasaichean Gàidhlig an seo ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir. Bidh mo cho-oibrichean ag iarraidh orm

Gàidhlig eadar-theangachadh gu cunbhalach (ainmean Gàidhlig agus seòlaidhean no seantansan Gàidhlig).

Tha àireamh den luchd-obrach a tha fileanta ann an Gàidhlig agus tha iad a' dèiligeadh le luchd-ceannach bho latha gu latha. Tha triùir Choimiseanairean air a' Bhòrd cuideachd a tha fileanta sa Ghàidhlig. Far a bheil e iomchaidh, bidh luchd-obrach le Gàidhlig agus buill den Bhòrd a' conaltradh poileasaidhean a' Choimisein agus ag adhartachadh chùisean croitearachd le agallamh tro na meadhanan Gàidhlig.

Bidh an Coimisean a' toradh àireamh de bhileagan dà-chànanach leithid Aithisg Bhliadhnail, Litir-naidheachd nam Measadair, bileag is stiùireadh Cunntas Croitearachd agus tha làn tionndadh Gàidhlig de làrach-lìn a' Choimisein.

Lorgar toraidhean an làn sgrùdaidh agus an t-Suirbhidh Ghàidhlig ann an Eàrr-ràdh 1.

Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorporra

Is e am plana seo poileasaidh a' Choimisein agus tha e air aontachadh leis an àrd-sgioba stiùiridh againn agus le buill a' Bhùird.

Suidheachadh le dleastanas obrachaidh thar a' phlana

Is e an t-àrd-oifigear aig a bheil dleastanas obrachaidh airson ceannas air an ullachadh, liubhairt agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd:

Sine NicThòmais
Ceannard Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach
Coimisean na Croitearachd
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis
IV3 8NW
01463 663429
Jane.thomas@crofting.scotland.gov.uk

Suidheachadh le dleastanas bho latha gu latha thar a' phlana

Is e am Manaidsear Conaltraidh an t-oifigear le dleastanas obrachaidh airson coileanadh latha gu latha air Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd. Bu chòir ceistean mu choileanadh latha gu latha air a' phlana a chur gu:

Posy NicRath
Manaidsear Conaltraidh
Coimisean na Croitearachd
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis
IV3 8NW
01463 663429
posy.macrae@crofting.scotland.gov.uk

Buill fa leth den sgioba-obrach

Bidh Coimisean na Croitearachd a' fiosrachadh luchd-obrach mu an dleastanasan fon Phlana Gàidhlig tro in-chonaltraidhean cunbhalach, còmhraidhean mìosail le manaidsearan loidhne agus coinneamhan sgioba.

Seirbheisean air an liubhairt le treas phàrtaidhean agus Buidhnean Arm's Length

Bidh Coimisean na Croitearachd a' dèanamh cinnteach gu bheil iadsan a bhios a' liubhairt sheirbheisean/bathair às leth a' Choimisein, mothachail do agus a' cumail ri dealas a' Phlana Gàidhlig againn tro bhith ag aithris an riatanais ann an tagradh agus cunnraidheadh sheirbheisean/bathair.

Buaidhean Planaidh agus Poileasaidh don Ghàidhlig

Prìomh-shruthadh Gàidhlig

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh sa chiad àite tron Phlana Ghàidhlig againn ach gum bi cothroman a' tighinn am bàrr airson an cànan adhartachadh 's a leasachadh tro thomhaisean poileasaidh a th' ann a-cheana. Bidh an Coimisean a' sgrùdadh dealasan poileasaidh làithreach gus raointean a chomharrachadh far am faod a' Ghàidhlig a bhith air a gabhail a-steach gu for-ghnìomhach agus prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a thòiseachadh tro mhodhan-obrach a bharrachd. Tha sinn a' faicinn an leasachaidh seo gu bhith a' co-fhreagairt air a' phrionnsapal àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a ghabhail a-steach mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

Ann an cumadh, ath-ùrachadh agus sgrùdadh air poileasaidhean, Bidh an Coimisean a' beachdachadh air na dealasan anns a' Phlana Ghàidhlig agus a' dèanamh cinnteach gum bi na buaidhean air a' Ghàidhlig ann an co-rèir ri le Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Dealas do chinn-uidhe Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh a dhèanamh cinnteach gum bi am Plana Gàidhlig air a bhuileachadh, agus san earrann seo tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an t-amas sin.

Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil aig seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd ancrochadh air tuilleadh dhaoine a bhith ag ionnsachadh a' chànain agus gum feum aire a bhith cuimsichte air an dachaigh, foghlam agus ionnsachadh inbheach mar a' phrìomh mheadhan air seo a choileanadh.

Foghlam

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil cruthachadh seasmhachd teachdail don Ghàidhlig ag iarraidh chan e a-mhàin meudachadh san àireamh de dhaoine le comas air an cànan a labhairt, ach meudachadh ann am fìor chleachdadh. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' comasachadh barrachd dhaoine gu Gàidhlig a chleachdadh mar am modh conaltraidh as fheàrr agus as àbhaistich dhaibh ann an raon a tha a' sìor fhàs farsaing de ghnìomhachdan làitheil.

Coimhearsnachd

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil inbhe cànan fo bhuaidh a làthaireachd anns an àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil i air a cleachdadh, air a luach agus air a faicinn air a luach leis na h-aitreabhan sin aig a bheil àite cudromach nar beatha làitheil:

- Meudachadh ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig tro fhaotainneachd air raon de sheirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean far a bheil comasan ann an Gàidhlig aig 20% no barrachd den àireamh-sluaigh.

- Cur taic ri iomairtean a tha a' toirt feum à sgilean agus comasan luchd-labhairt na Gàidhlig ann an gnìomhachdan coimhearsnachd.

An t-Àite-obrach

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn an fheum air buntainneas is cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cudromachd seirbheisean eadar-theangachaidh a chomasachadh agus rannsachadh air a' chànan adhartachadh:

- Cruthachadh seasamh dearbhach don Ghàidhlig san àite-obrach tro thogail mothachaidh agus soidhnichean
- Meudachadh chothroman do luchd-obrach airson Gàidhlig ionnsachadh agus do luchd-labhairt na Gàidhlig gu an sgilean Gàidhlig a leasachadh
- Adhartachadh trusadh air luchd-labhairt na Gàidhlig gus a dhèanamh cinnteach gu bheil an cànan a' sìor fhàs faicsinneach agus air a cleachdadh san àite-obrach agus ann an liubhairt sheirbheisean don phoball.

Meadhanan agus Ealain; Dualchas is Turasachd

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn an fheum air buntainneas is cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cudromachd seirbheisean eadar-theangachaidh a chomasachadh agus rannsachadh air a' chànan adhartachadh.

Corpas

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn an fheum air buntainneas is cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cudromachd seirbheisean eadar-theangachaidh a chomasachadh agus rannsachadh air a' chànan adhartachadh.

Prìomhachasan Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha an Coimisean ag obair gus an cànan a neartachadh tarsainn ar conaltraidhean agus tarsainn ar buidhne, a chuireas ri sunnd cultarach na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha Coimisean na Croitearachd dealasach gu cinn-uidhe ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba a choileanadh a thaobh Alba a chruthachadh a tha:

- Na saidhbhire agus nas cothromaiche
- Nas smìorail
- Nas fhallaine
- Nas sàbhailte agus nas treasa
- Nas uaine

Dealasan a' Phlana

Dealasan Àrd-ìreil

Tha na h-amasan àrd-ìreil a leanas air am mìneachadh mar na prìomhachasan don Choimisean mar thaic don phlana nàiseanta Gàidhlig làithreach agus do na Builean Nàiseanta:

- In-ghabhail air na dealasan uile a tha air an toirt air adhart bho ath-thriallan eile de Phlana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd.
- Meudachadh cleachdadh air a' Ghàidhlig aig coinneamhan poblach – gu h-àraid ann am paraistean far a bheil sgilean Gàidhlig aig 20%+ den phoball.
- Obrachadh le Bòrd na Gàidhlig gus ro-innleachd Coimhearsnachd a chruthachadh.
- Taic a chur ri luchd-obrach agus am brosnachadh gu an sgilean Gàidhlig a chleachdadh fhad 's a tha iad a' coileanadh an dleastanasan.
- Dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail don Phlana agus do an dleastanasan ann a bhith a' dèanamh cinnteach às a bhuileachadh.
- Cruthachadh agus buileachadh plana trèanaidh leantainneach a tha a' gabhail a-steach ionnsachadh is leasachadh air sgilean Gàidhlig agus mothachadh don Ghàidhlig a thaobh luchd-obrach agus buill Bùird an ùghdarrais.
- Dèanamh cinnteach gu bheil ceangal leis na meadhanan Gàidhlig gus faicsinneachd agus clastinneachd air obair a' Choimisein a mheudachadh.
- Sgrùdadh chothroman a thaobh obair le buidhnean turasachd m.e. VisitScotland gus an ceangal eadar croitearachd, an cruth-tìre agus a' Ghàidhlig adhartachadh agus a mhìneachadh.
- Bidh seirbheisean is goireasan na Gàidhlig uile a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla.
- Bidh tairgse ghnìomhach leantainneach ann do na seirbheisean is goireasan Gàidhlig uile.

Tha an Coimisean dealasach a thaobh nan amasan àrd-ìreil a choileanadh tro bhuileachadh air a' phlana Gàidhlig seo.

Dealasan Coitcheann Seirbheis

Tha cruthachadh nan suidheachaidhean airson cleachdadh na Gàidhlig sa bheatha phoblaich air a chomharrachadh le Bòrd na Gàidhlig anns an Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig reachdail aca, mar phrìomh fheart ann an àbhaisteachadh cleachdadh air a' Ghàidhlig. Tha am Bòrd air còig prìomh raointean de liubhairt seirbheis a chomharrachadh leis a bheil e riatanach do buidhnean poblach dèiligeadh nuair a tha iad a' deasachadh am Planaichean Gàidhlig:

- Lèirsinneachd
- Luchd-obrach
- Obrachadh bho latha gu latha
- Conaltraidhean
- Corpas

Tha pàirt cudromach aig na prìomh dhealasan ann an togail ìomhaigh agus faicsinneachd na Gàidhlig. Tha an Coimisean an dùil cleachdadh na Gàidhlig a chomasachadh agus a bhrosnachadh tro na prìomh raointean gu h-àrd, gus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail na obair gnothachais agus ann an liubhairt sheirbheisean riaghlaidh.

Tha Coimisean na Croitearachd ag obair ann an Gàidhealtachd agus Eileanan na h-Alba. Tha na h-Eileanan a Tuath co-cheangailte ri cànanan Lochlannach seach Gàidhlig, ach anns an Eilean Sgitheanach agus sna h-Eileanan an Iar tha mòran de luchd-labhairt na Gàidhlig a thuilleadh air co-cheangalan làidir cultarach leis a' Ghàidhlig. Ann an sgìrean croitearachd eile, bha Gàidhlig ga labhairt aig aon àm ach tha cleachdadh oirre a-nis air crìonadh ach am beagan. Tha Coimisean na Croitearachd air gabhail ri ìre solair a chur an sàs anns gach raon obrachaidh againn, agus air ìre solair nas àirde a chur ann an raointean far as motha an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig.

Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh, agus tha an earrann seo a' mìneachadh na h-ìre de sholar Gàidhlig a thathar an dùil a thoirt seachad ann am beatha 5-bliadhna a' phlana. Tha am Plana Gàidhlig seo a' riochdachadh puing tòiseachaidh, agus tha Coimisean na Croitearachd an dòchas a dhol thairis air targaidean agus solar Gàidhlig a mheudachadh beag air bheag thar beatha a' phlana.

Anns na duilleagan a leanas tha mion-fhiosrachadh mu na gnìomhan a bhios an Coimisean a' cur an cèill, a thaobh nan dealasan coitcheann seirbheis thar nan còig bliadhna gus am Plana a liubhairt gu h-èifeachdach.

Faicsinneachd

Tha làthaireachd na Gàidhlig ann an ionannachd chorporra agus ann an soidhnichean ùghdarras phoblaich gu mòr a' neartachadh faicsinneachd a' chànan, a' meudachadh inbhe agus a' dèanamh aithris chudromach mu dheidhinn mar a tha luach ga chur air a' Ghàidhlig agus aithne ga thoirt dhi. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean stòras bhriathran luchd-ionnsachaidh a shaidhbheachadh, mothachadh poblach don chànan a thogail agus cur ri a leasachadh.

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn cudromachd leudachaidh air faicsinneachd na Gàidhlig agus air neartachadh a h-inbhe.

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
Suaicheantas corporra										
1	Àbhaisteachadh faicsinneach is clastinneach air Gàidhlig mar phrìomh eileamaid de ionannachd agus soidhneachd Coimisean na Croitearachd.	Tha suaicheantas a' Choimisein gu tur dà-chànanach	✓						Coimisean	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche
2		Tha pàipear sgrìobhaidh corporra a' Choimisein, a' gabhail a-steach cinn-litreach, bileagan molaidh agus cairtean gnothachais gu tur dà-chànanach.	✓						Coimisean	
2		Tìotalan obrach, ainmean roinne is sgioba air am foillseachadh gu dà-chànanach tarsainn nan sianalan uile a' gabhail a-steach ainmean-sgrìobhte puist-d.	✓						Coimisean	

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
3		Leantainn air adhart a' cur a-mach foillseachaidhean Corporra m.e. an Aithisg Bhliadhnail gu dà-chànanach.	✓						Coimisean	
Soidhneachd										
4	Àbhaisteachadh faicsinneach is claitinneach air Gàidhlig mar phrìomh eileamaid de ionannachd agus soidhneachd Coimisean na Croitearachd.	Tha soidhnichean a-muigh air togalaichean oifis agus ann an raointean parcaidh làn dà-chànanach.	✓						Buidheann Cleachdaidh Taigh a' Ghlinne Mhòir (GGH)	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche
5		Tha soidhneachd a-staigh uile gu tur dà-chànanach.	✓						Buidheann Cleachdaidh GGH	
6		Tha soidhnichean agus fiosrachadh don phoball ann an raon fàilteachaidh an togalaich gu tur dà-chànanach far an gabh sin a dhèanamh.	✓						Buidheann Cleachdaidh GGH	

Luchd-obrach

Gus seirbheisean a liubhairt tro mheadhan na Gàidhlig, tha e cudromach na sgilean obrach agus na sgilean cànan riatanach aig luchd-obrach a leasachadh. Tha solarachadh air ionnsachadh cànan don luchd-obrach a' cuideachadh le ionnsachadh Gàidhlig inbheach adhartachadh agus ag adhartachadh na Gàidhlig mar inneal fheumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh air obraichean sa bheil a' Ghàidhlig mar sgil shònraichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànan agus ga comharrachadh mar sgil dhearbhadh a dh'fhaodaist a thogail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh le tuigsinn gum bu chòir a' Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil dleastanas cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig an taobh a-staigh ùghdarras poblach. Ge 'r bith dè na sgilean Gàidhlig a tha a dhìth, tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gur e riatanas obrach dha-rìribh a th' anns a' Ghàidhlig. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri agus cinn-uidhe neo-eisimeileach a chur an sàs gus a dhèanamh cinnteach gu bheil daoine gam fastadh anns gach cùis air bunait chothromach is chunbhalach, agus a bhith a' nochdadh nam feumalachdan sgilean obrach a chaidh a chomharrachadh.

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn cho riatanach 's a tha e a bhith a' faicinn na Gàidhlig mar sgil obrach chudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean sa bheil Gàidhlig deatamach no riatanach. Tha an Coimisean a' tuigsinn cuideachd cudromachd a bhith a' comasachadh luchd-obrach gu an sgilean Gàidhlig a leasachadh ma tha iad air a shon.

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
Sanasachd Dhreuchdan agus Trusadh Luchd-labhairt Gàidhlig										

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
1	Tha poileasaidh trusaidh Coimisean na Croitearachd a' meudachadh na h-àireimh de luchd-cleachdaidh na Gàidhlig an taobh a-staigh na buidhne.	Tha am poileasaidh fastaidh a' faicinn Gàidhlig mar sgil obrach ion-mhiannaichte.	✓						SMT	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche Nas clise
		Tha trusadh airson dreuchdan san raon fàilteachaidh a' comharrachadh Gàidhlig mar sgil ion-mhiannaichte.	✓						SMT	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche Nas clise
		Feumaidh aon neach aig a' char as lugha air Bòrd a' Choimisein a bhith comasach air Gàidhlig a labhairt.	✓			✓			SG	
		Tha Gàidhlig air a sònrachadh mar sgil ion-mhiannaichte nuair a thathar a' trusadh airson dreuchdan.	✓						SMT	

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
		Togail air cothroman dreuchd do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig nuair a tha dreuchdan air an sanasachadh.	✓						SMT	
		Far a bheil ìre shònraichte de sgilean Gàidhlig mar phàirt den tuairisgeul obrach, tha an dreuchd air a sanasachadh gu dà-chànanach.	✓						SMT	
Ionnsachadh na Gàidhlig										
	Taic ga thoirt do luchd-obrach a' Choimisein gu Gàidhlig ionnsachadh agus cothroman air sgilean Gàidhlig a chleachdadh aig an obair.	Fiosrachadh gu bhith air a nochdadh ann an litrichean-naidheachd luchd-obrach mu chothroman air Gàidhlig ionnsachadh.		✓					Coimisean	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche
		Bùird-fhiosan air an ùrachadh le fiosrachadh mu chothroman air Gàidhlig ionnsachadh.		✓					Buidheann Cleachdaidh GGH	Nas clise

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn					Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
			2015	2016	2017	2018	2019		
		Luchd-obrach air am brosnachadh gu an sgìlean Gàidhlig a leasachadh mar phàirt de phlanaichean trèanaidh.		✓				SMT	
Trèanadh ann am Mothachadh don Ghàidhlig agus Brosnachadh Cleachdadh na Gàidhlig san Àite-obrach agus ann an Conaltradh air an taobh a-staigh									
	Taic ga thoirt do luchd-obrach a' Choimisein gu Gàidhlig ionnsachadh agus cothroman air sgìlean Gàidhlig a chleachdadh aig an obair.	Plana Gàidhlig air a chuirteachadh do luchd-obrach agus mothachadh a thogail do dhealas a' Choimisein don Ghàidhlig.		✓				Coimisean	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche Nas clise
		Trèanadh ann am mothachadh don Ghàidhlig ri fhaotainn le luchd-obrach.	✓					SMT	
		Mothachadh a thogail don uidheam Ghàidhlig eadar-obrachail a tha ri fhaotainn le luchd-obrach.		✓	✓				

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
		Cothroman trèanadh gan adhartachadh gu gnìomhach do luchd-obrach.		✓	✓				Coimisean	

Obrachadh bho Latha gu Latha

Tha cleachdadh na Gàidhlig sa chiad àite coinneachaidh a tha aig buill den phoball le ùghdarras poblach a' meudachadh làthaireachd faicsinneach is clastinneach a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh air a' Ghàidhlig comasach agus di-beathte. A thuilleadh air àrdachadh air ìomhaigh na Gàidhlig, tha e a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh dèanadach air a' chànain agus a' brosnachadh buill den phoball gu Gàidhlig a chleachdadh nan dèiligidhean leis an ùghdarras poblach às dèidh sin.

Tha cleachdadh air a' Ghàidhlig ann an eadar-obrachaidhean leis an ùghdarras tron phost, post-d agus fòn cudromach ann an cruthachadh chothroman dèanadach don chànain agus ann an cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh air a' Ghàidhlig comasach agus di-beathte. Faodaidh làthaireachd air a' Ghàidhlig ann an raon fharsaing de fhoirmean dà-chànanaich agus foirmean le Gàidhlig a-mhàin, faicsinneachd is cliù na Gàidhlig a neartachadh gu mòr. Faodaidh deasachadh air foirmean Gàidhlig, iarrtasan agus sgrìobhainnean de leithid, cuideachadh le leudachadh air an raon de bhriathrachas Gàidhlig agus mothachadh a' phobaill le Gàidhlig a thogail do a leithid sin de bhriathrachas, mar sin a' cuideachadh le leasachadh a' chànain fhèin.

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn cudromachd a bhith a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh dèanadach air a' Ghàidhlig ann an raon fharsaing de shuidheachaidhean làitheil agus dealasach a thaobh na h-ìre solair a mheudachadh san raon seo.

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
Fòn										

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
8	Tha Coimisean na Croitearachd a' cur fàilte air conaltradh fòn sa Ghàidhlig.	Luchd-obrach fàilteachaidh a' freagairt am fòn sa Ghàidhlig. Tha luchd-gairm a tha airson leantainn air adhart sa Ghàidhlig air an cur gu neach-labhairt Gàidhlig ma ghabhas sin a dhèanamh, no tillidh neach-labhairt Gàidhlig an gairm-fòn an taobh a-staigh 24 uair a thide.	✓						Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche Nas clise
10		Luchd-obrach aig a' bhòrd-suidse air an trèanadh ann an abairtean Gàidhlig a tha deatamach.	✓						Buidheann Cleachdaidh GGH	
11		Teachdaireachd dà-chànanach air inneal-fòn an ionad-fàilteachaidh.	✓						Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach	
12		Brosnachadh agus a' cur taic ri luchd-obrach a tha a' faighinn theachdaireachdan dà-chànanach.			✓				Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach	

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
13		Far a bheil e aithnichte gun fheàrr le daoine fa leth no le buidhnean conaltraidhean ann an Gàidhlig, tòisichear conaltradh ann an Gàidhlig.	✓						Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach	
Seirbheisean aghaidh don phoball										
7	Luchd-obrach fàilteachaidh Coimisean na Croitearachd a' cur fàilte agus a' cuideachadh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig.	Tha aon bhall den luchd-obrach fileanta sa Ghàidhlig.	✓						Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche Nas clise
9		Tha luchd-obrach taghte comasach air dèiligeadh le buill den phoball leis an fheàrr conaltradh sa Ghàidhlig.	✓						Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach	
Conaltradh Sgrìobhte										

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
14	Tha Coimisean na Croitearachd a' cur fàilte air agus a' tòiseachadh conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig.	Dealasach a thaobh a bhith ag adhartachadh seasamh dearbhach don Ghàidhlig air feadh na buidhne.	✓						Àrd-Oifigear	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche Nas clise
15		Post agus puist-d air am faighinn ann an Gàidhlig a' faotainn freagairt ann an Gàidhlig.	✓						Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach	
16		Leasachadh ainm-sgrìobhte puist-d dà-chànanach coitcheann ri fhaotainn leis an luchd-obrach uile.	✓						Coimisean	
17		Gu gnìomhach a' brosnachadh luchd-obrach uile gu bhith a' cleachdadh an ainm-sgrìobhte puist-d dà-chànanach.		✓					Coimisean	
		Mion-fhiosrachadh taic Coimisean na Croitearachd ann an Gàidhlig.	✓						Coimisean	

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta	
		Àicheidhean puist-d meiceanaigeach dà-chànanach.	✓						Sìostaman Fiosrachaidh		
Forms											
	Tha foirmean iarrtais agus stiùireadh Coimisean na Croitearachd dà-chànanach.	Tha am buidheann a' cur fàilte air lìonadh foirmean iarrtais ann an Gàidhlig.	✓						Bhon Riaghlaidhe	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche Nas clise	
		Tha Coimisean na Croitearachd a' meudachadh cleachdadh is faicsinneachd na Gàidhlig anns na cruthan as cumanta a chleachdar.			✓	✓	✓		Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach		
		Coimisean na Croitearachd a' foillseachadh foirmean iarrtais ann an Gàidhlig.							✓		Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach
		Nòtaichean stiùiridh gam foillseachadh ann an Gàidhlig.							✓		Coimisean

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
		Tha foirmean ais-fhiosrachaidh is ghearanan agus nòtaichean stiùiridh rim faotainn ann an Gàidhlig.	✓						Seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach	
		Coileanadh ath-sgrùdadh air foirmean is stiùireadh a bharrachd a dh'fhaodadh a sholarachadh gu dà-chànanach.			✓				Coimisean	
Coinneamhan poblach										
	Buil den phoball a'com-pàirteachadh ann an coinneamhan Coimisean na Croitearachd sa chànan a roghnaicheas iad.	Coimiseanair agus/no ball den luchd-obrach le Gàidhlig an làthair aig coinneamhan poblach anns na h-Eileanan an Iar, sgìrean na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal.	✓						Coimisean	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche
		Èisteachdan air an coileanadh sa Ghàidhlig nuair a dh'farrar.	✓						Bhon riaghlaidhe	

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
		Coinneamhan air an coileanadh sa Ghàidhlig far a bheil 40% no barrachd de na daoine an làthair a' roghnachadh sin, mar a tha air a chomharrachadh leis a' Choimiseanair.	✓						Coimisean	
		Sanasachd don phoball gum faod iad iarraidh gun cùm an Coimisean coinneamhan ann an Gàidhlig.	✓						Coimisean	

Conaltraidhean

Faodaidh cleachdadh air a' Ghàidhlig anns na meadhanan agus ann an raon de stuth clò-bhuailte leasachadh na Gàidhlig a chuideachadh ann am measgachadh de dhòighean. Tha e a' cuideachadh le faicsinneachd a' chànain a mheudachadh, tha e a' neartachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìomhaigheach agus faodaidh e cuideachadh le briathrachas ùr agus sean a neartachadh. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh le dealas ùghdarras phoblach a thaisbeanadh gu bhith a' conaltradh fiosrachadh cudromach tro mheadhan na Gàidhlig, a thuilleadh air neartachadh faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Mar as motha a bhios daoine ag inntigeadh fiosrachaidh mu ùghdarrasan poblach tro an làraichean-lìn, faodaidh solar a thaobh chleachdadh na Gàidhlig inbhe agus faicsinneachd a' chànain a neartachadh gu mòr.

Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig sna raointean sin far a bheil an stuth cuspaireil nas fheumaile don phoball san fharsaingeachd no co-cheangailte gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig.

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
Meadhanan is Dàimhean Poblach										
8	Àbhaisteachadh faicsinneach is clastinneach air a' Ghàidhlig mar phrìomh eileamaid ann an dàimhean poblach Coimisean na Croitearachd.	Brathan naidheachd co-cheangailte ri cùisean sna h-Eileanan an Iar, Earra-Ghàidheal 's a' Ghàidhealtachd rin toradh gu dà-chànanach.				✓	✓		Coimisean	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche
		Tha neach-labhairt mna Gàidhlig ga sholarachadh mu choinneamh agallamhan Gàidhlig far an gabh sin a dhèanamh.	✓						Coimisean	Nas clise

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
		Leasachadh cleachdadh air iomamheadhanan agus bhidiothan dà-chànanach a dhèanamh.		✓	✓				Coimisean	
Stuthan clò-bhuailte										
8	Litreachas is pàipearan Coimisean na Croitearachd air am foillseachadh ann an Gàidhlig.	Tha foillseachaidhean corporra gan toradh gu dà-chànanach.	✓						Coimisean	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche Nas clise
		Raon ùr de stuthan margaideachd rin toradh gu dà-chànanach.		✓	✓				Coimisean	
		Eadar-theangachadh Gàidhlig de ar geàrr-chunntais aontaichte, foillsichte air an làraich-lìn againn.	✓						Coimisean	
		Meudachadh faicsinneachd na Gàidhlig tarsainn stuthan margaideachd uile.		✓	✓				Coimisean	

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
		Sanasan neo-reachdail ri bhith dà-chànanach.			✓				Coimisean	
Làrach-lìn agus Meadhanan Sòisealta										
8	Faicsinneachd mheudaichte air a' Ghàidhlig air na tionndaidhean Gàidhlig is Beurla de làrach-lìn Coimisean na Croitearachd.	Tha an t-susbaint air làrach-lìn a' Choimisein air a sholarachadh ann an Gàidhlig agus Beurla le eadar-aghaidh tro mheadhan na Gàidhlig leis an tionndaidh Ghàidhlig.	✓						Coimisean	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche Nas clise
		Seòladh eadar-lìn Gàidhlig ga chleachdadh ann an co-bhonn ris an t-seòladh Bheurla.	✓						Coimisean	
		Susbaint an tionndaidh Ghàidhlig den làrach-lìn air a sgrùdadh gu cunbhalach airson ath-ùrachadh.		✓					Coimisean	

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
		Sùil a chumail air an àireamh de thadhalan air an duilleig Ghàidhlig agus cleachdadh air tracadh, gus na duilleagan as measaile aig daoine a chomharrachadh airson an ath-ùrachadh agus an eadar-theangachadh.			✓	✓	✓	✓	Coimisean	
		Meudachadh an uiread de shusbaint Gàidhlig air meadhanan sòisealta.		✓	✓	✓	✓	✓	Coimisean	
		Litir-naidheachd dà-chànanach a thoradh airson Lionra nam Measadair.	✓						Coimisean	
		Leasachadh agus cuairteachadh litir-naidheachd dà-chànanach ràitheil gu na croitearan.			✓	✓	✓	✓	Coimisean	
Tachartasan agus Taisbeanaidhean										
	Àbhaisteachadh faicsinneach is clastinneach air a'	Stuthan taisbeanaidh ri bhith dà-chànanach.		✓					Coimisean	Nas saidhbhire agus nas cothromaiche

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
	Ghàidhlig mar phrìomh eileamaid ann an obrachaidhean Coimisean na Croitearachd.	Togail air làthaireachd aig tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig leithid Fèill nan Dreuchdan Gàidhlig.		✓	✓	✓	✓	✓	Coimisean	Nas clise
		Làthaireachd làidir Gàidhlig aig Co-labhairt nam Measadair, a' gabhail a-steach ann an taisbeanaidhean, sa chlàr-gnothaich agus ann am pasgan nan teachdaire.			✓		✓		Coimisean	

Corpas

Tha leasachadh na Gàidhlig san earrann seo deatamach don Ghàidhlig san àm ri teachd ann an Alba. Bheir aire don seo cead don don Ghàidhlig briathrachas ùr agus clàran a leasachadh a' leantainn gu buntainneas is cunbhalachd nas motha. Air na h-adhbharan sin, gabhar ceumannan gu a dhèanamh cinnteach gum bi leasachadh leantainneach air a' Ghàidhlig.

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn cudromachd a thaobh leasachadh air a' Ghàidhlig gus a dhèanamh cinnteach gu bheil i freagarrach do gach adhbhar iomchaidh agus airson a cleachdadh ann an raon a tha a' sìor-fhàs de cho-theacsan sa bheil i a' nochdadh.

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig										
	Cumaidh Coimisean na Croitearachd ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig.	Bidh an Coimisean a' dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean eadar-theangachaidh cunraidhte ann an co-rèir ris a' ghnàthachas litreachaidh as ùire.			✓	✓	✓	✓	Coimisean	Nas clise
Aire do dh'ainmean-àite ceart										

Àir.	Buil	Gnìomhachd	Leantainn	2015	2016	2017	2018	2019	Stiùir	Ceann-uidhe Ro-innleachdail Nàiseanta
	Bidh Coimisean na Croitearachd a' dèanamh cinnteach gu bheil ainmean-àite ceart gan cleachdadh tarsainn na buidhne.	Tha ainmean-àite ceart rin cleachdadh tarsainn gach taobh den bhuidheann, leithid mapaichean, litrichean agus foillseachaidhean anna n co-rèir ri molaidhean Ainmean-àite na h-Alba.	✓						Siostaman Fiosrachaidh	Nas clise
Inbhean Seirbheis Eadar-theangachaidh is Eadar-mhìneachaidh										
	Ìre àrd de dh'inbhean eadar-theangachaidh a chumail suas.	Ath-sgrùdadh air seirbheisean eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh agus daingneachadh gu bheil iad ann an co-rèir ri inbhean gnìomhachais.			✓				Coimisean	Nas clise

Buileachadh agus Sgrùdadh

Clàr-ama

Fuirichidh am Plana Gàidhlig beò airson ùine de chòig bliadhna bhon cheann-latha a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Gun a bhith nas fhaide na deireadh na h-ùine seo, ath-sgrùdaidh sinn am plana, nì sinn na h-atharrachaidhean a tha riatanach agus cuirear a-steach e chun a' Bhùird airson aonta.

Ann an earrann 4 – Dealasan Plana – tha sinn air na cinn-latha fa leth mu choinneamh thargaidean a mhìneachadh, nuair a bhios sinn a' sùileachadh ri dealasan sònraichte a bhuileachadh.

Follaiseachadh a' Phlana

Bidh Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd air fhoillseachadh gu dà-chànanach air an làraich-lìn againn. A thuilleadh air an sin, bidh sinn:

- a' sgaoileadh brath naidheachd dà-chànanach ag ainmeachadh aonta agus foillseachadh air a' phlana.
- a' cur agallamhan mheadhanan air dòigh a bhios air an tairgsinn ann an Gàidhlig agus Beurla.
- ag innse do luchd-obrach agus luchd-ùidh mun phlana ùr agus mar a gheibhear air intrigidh tro litrichean-naidheachd agus tron eadra-lìon.
- a' togail mothachadh don phlana tro na meadhanan sòisealta.

Goireasachadh a' Phlana

Bidh a' mhòr-chuid de ghnìomhachdan air am mìneachadh, no a tha sa phlana seo a-cheana, air an gabhail a-steach agus air an goireasachadh tro bhuidseatan Coimisean na Croitearachd a chaidh aontachadh leis an roinn urrais aca, Riaghaltas na h-Alba. Faodar maoineachadh bhon taobh a-muigh a shireadh airson pròiseactan fa leth leithid cruthachadh stuthan margaideachd Gàidhlig agus goireasan Gàidhlig a bharrachd airson ionnsachadh an luchd-obrach.

Sgrùdadh air Buileachadh a' Phlana

Bidh Coimisean na Croitearachd a' sgrùdadh air buileachadh a' phlana tro aithrisean cunbhalach gu Àrd-sgioba Stiùiridh a' Choimisein agus tro dheasbad ràitheil aig coinneamhan Bùird a' Choimisein. A thuilleadh air an sin, gheibh am Bòrd aithisg bhliadhnail mhìonaideach air adhartas, a cuirear a-steach an uair sin gu Bòrd na Gàidhlig.

Eàrr-ràdh 1 – In-sgrùdadh air Comasachd Gàidhlig

Toraidhean Suirbhidh Luchd-obrach Ghàidhlig

Chuireadh suirbhidh an gnìomh air Coimiseanairean agus luchd-obrach a' Choimisein gus an tuigse agus comas air Gàidhlig a labhairt, a leughadh, a sgrìobhadh agus a thuigsinn, a dhearbhadh.

A-mach à 71 neach fa leth a fhuair cuireadh gu com-pàirteachadh san t-suirbhidh, fhuair eadhon freagairt bho 29, no 41%.

Geàrr-iomradh air Toraidhean an fheadhainn san t-suirbhidh

- Tha 6 no 21% den luchd-obrach fileanta no comasach air còmhraidh a chumail ann an Gàidhlig.
- Is urrainn do 12 no 42% beagan fhacail a labhairt no a thuigsinn ann an Gàidhlig.
- B' urrainn do 10 no 35% fàilte a chur air daoine ann an Gàidhlig.
- Is urrainn do 3 no 11% Gàidhlig a leughadh gu fileanta.

Tha na freagairtean do gach ceist a chaidh fhaighneachd mar a leanas:

C1. Dè an comas a th' agad air Gàidhlig a labhairt?

- Chan urrainn do 17 no 59% Gàidhlig a labhairt.
- Tha comas còmhraidh ann an Gàidhlig aig 2 no 7%.
- Tha 4 no 14% fileanta ann an Gàidhlig.
- Tha comas aig 1 no 3% beagan seantanasan a thuigsinn agus a labhairt.
- Tha comas aig 5 no 17% beagan fhacail a thuigsinn agus a labhairt.

C2. Dè an comas a th' agad air fàilte a chur air daoine ann an Gàidhlig?

- Tha comas aig 4 no 14% fàilte a chur air daoine ann an Gàidhlig agus làn chòmhraidh a dhèanamh leotha.
- Tha comas aig 1 no 3% fàilte a chur air daoine ann an Gàidhlig agus còmhraidh riutha mu chuspairean làitheil.
- Tha comas aig 5 no 17% fàilte a chur air daoine ann an Gàidhlig ach chan urrainn dhaibh làn chòmhraidh a chumail.
- Cha bhiodh 19 no 66% a' faireachdainn cofhurtail a' labhairt ri neach ann an Gàidhlig.

C3. Dè an comas a th' agad a thaobh Gàidhlig agus croitearachd?

- B' urrainn do 3 no 11% còmhraidh ri neach mu chùisean croitearachd.
- B' urrainn do 3 no 11% còmhraidh ri neach mu chùisean croitearachd làitheil/neo-theicnigeach.
- B' urrainn do 1 no 3% sgrìobhainn mu chùisean croitearachd a leughadh agus a thuigsinn.
- Cha bhiodh 22 no 75% misneachail ann an còmhraidh mu chùisean croitearachd.

C4. Dè an comas a th' agad air Gàidhlig a leughadh?

- Tha comas aig 3 no 11% air Gàidhig a leughadh gu fileanta.
- Tha comas aig 4 no 14% air beagan Gàidhlig a leughadh.
- Chan eil comas aig 22 no 75% air Gàidhlig a leughadh.

C5 An do fhritheil thu a-riamh no a bheil thu a' frithealadh trèanadh Gàidhlig gu làithreach taobh a-muigh an àite-obrach?

- 3 no 11% - THA

C6 Dè an ìre de thrèanadh a ghabh thu/tha thu a' gabhail os làimh taobh a-muigh an àite-obrach?

- Dhaingnich 2 neach-freagairt gun robh trèanadh bunaiteach aca ann an Gàidhlig.
- Dhaingnich 1 neach-freagairt gun robh trèanadh eadar-mheadhanach aca ann an Gàidhlig.

Q7 A bheil thu a-riamh air trèanadh anna n Gàidhlig a fhrithealadh a chaidh a phàigheadh leis a' Choimisean?

- 11 no 38% - THA
- 18 no 62% - CHAN EIL

C8 Dè an ìre trèanaidh a rinn thu?

- Dhaingnich 10 luchd-freagairt gun robh trèanadh bunaiteach aca ann an Gàidhlig.
- Dhaingnich 1 neach-freagairt gun robh trèanadh eadar-mheadhanach aca ann an Gàidhlig.

C9 Am biodh ùidh agad ann an tuilleadh trèanaidh gus do sgilean Gàidhlig a leasachadh.

- 12 no 42% - BHIODH
- 17 no 58% - CHA BHIODH

C10 Am bu thoil leat a bhith comasach air labhairt sa Ghàidhlig a chleachdadh nas trice san oifis?

- 13 no 45% - BU THOIL
- 16 no 55% - CHA BU THOIL

C11 Am bu thoil leat luchd-obrach le Gàidhlig còmhraidhean a thòiseachadh leat sa Ghàidhlig?

- 9 no 31% - BU THOIL
- 20 no 69% - CHA BU THOIL

C12 Beachdan sam bith eile a thaobh cleachdadh air a' Ghàidhlig an taobh a-staigh a' Choimisein?

Thug 6 daoine beachd air cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh a' Choimisein:

- Is e seo an dàrna seachdain agam aig Coimisean na Croitearachd agus tha mi air mo ghlacadh aig an uiread de Ghàidhlig a thathar a' cleachdadh gu làitheil san oifis.
- Rinn mi beagan trèanaidh o chionn fhada ach on nach do chleachd mi Gàidhlig airson ùine mhòr, chan eil mi a' faireachdainn gun do ghlèidh mi na dh'ionnsaich mi.
- Rinn mi trèanadh bunaiteach o chionn còrr air bliadhna, ach bho nach robh cothrom agam Gàidhlig a chleachdadh cha do ghlèidh mi na dh'ionnsaich mi – tha uair a thìde san t-seachdain gu leòr.
- Tha mi a' faireachdainn an taobh a-staigh a' Choimisein gu bheil crìonadh air labhairt sa Ghàidhlig thar nan 5 bliadhna a dh'fhalbh.
- Mar oifigear a' dèiligeadh le obair riaghlaidh sna h-Eileanan an Iar, bidh mi gu tric a' còmhradh ri croitearan ann an Gàidhlig – ma thòisicheas iad a' còmhradh ann an Gàidhlig, an dèidh dhaibh mo bhlas-cainnt às na h-eileanan aithneachadh.
- Glè mhath.
- Bidh mi a' còmhradh ris ar luchd-ceannach le Gàidhlig gu làitheil. Bidh mi a' còmhradh ri co-oibrichean eile le Gàidhlig gach latha. Chaidh iarraidh orm cuideachadh le aon de na clasaichean Gàidhlig an seo ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir. Bidh mo cho-oibrichean ag iarraidh orm eadar-theangachadh gu Gàidhlig a h-uile latha (m.e ainmean is seòlaidhean Gàidhlig no seantansan Gàidhlig).

Sgil Obrach

Luchd-obrach fàilteachaidh – is e sgil ion-mhiannaichte a th' anns a' Ghàidhlig.

Coimiseanairean – Gu laghail, mar a tha air aithris ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993 agus air atharrachadh leis an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010, feumaidh Gàidhlig a bhith aig aon bhall den Bhòrd aig a' char as lugha. Mura h-eil gin de na buill thaghte comasach air Gàidhlig a labhairt, feumaidh Ministearan co-dhiù aon neach fhadastadh aig a bheil Gàidhlig. Na roinnean agus/no àiteachan an taobh a-staigh na buidhne sa bheil iadsan a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd, ag obair.

Cunntas de stuthan dà-chànanach agus Gàidhlig a tha aig Coimisean na Croitearachd

<i>Meadhanan is Dàimhean Poblach</i>	Neach-labhairt Gàidhlig don Choimisean Sanas Gàidhlig ann am prògram Mod 2014
<i>Stuth Clò-bhuailte</i>	Aithisg bhliadhnail – dà-chànanach Geàrr-chunntas aontaichte a' Bhùird – Gàidhlig Bileag Cunntais Croitearachd - Gàidhlig Nòtaichean Stiùiridh Cunntas Croitearachd – Gàidhlig

	Litir-naidheachd nam Measadair – Gàidhlig
<i>Làrach-lìn agus Meadhanan Sòisealta</i>	<p>Làn tionndadh Gàidhlig de làrach-lìn a' Choimisein</p> <p>Seòladh lìn Gàidhlig</p> <p>Dh'adhartaicheadh Fèill nan Dreuchdan Gàidhlig 2014 agus am Mòd tro na meadhanan sòisealta.</p>
<i>Tachartasan is Taisbeanaidhean</i>	<p>Tairgsinn èisteachdan ann an Gàidhlig</p> <p>Bha seiminear nam Measadair a' gabhail a-steach ro-ràdh ann an Gàidhlig agus fàilte do na teachdairean.</p> <p>Pasgain theachdairean - Gàidhlig</p> <p>Prògram - Gàidhlig</p>
<i>Trèanadh luchd-obrach</i>	Uidheam Cànan Gàidhlig a' Choimisein
<i>Soidhneachd</i>	<p>Tha Coimisean na Croitearachd suidhichte an taobh a-staigh Taigh a' Ghlinne Mhòir aig SNH. Tha uallach air SNH airson na soidhneachd uile a-staigh agus a-muigh den togalach.</p> <p>Tha an soidhneachd uile dà-chànanach gu làithreach.</p>
<i>Eadar-theangachadh</i>	Tha seirbheisean eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh gu làithreach bhon taobh a-muigh.

Eàrr-ràdh 2 – Builean a’ Cho-chomhairleachaidh

Bha Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd 2015-2020 fosgailte do cho-chomhairleachadh airson 6 seachdainean air làrach-lìn a’ Choimisein. Chuir an Coimisean am Plana Gàidhlig air adhart air na meadhanan sòisealta, agus ag iarraidh bheachdan air post-d.

Cha d’ fhuair an Coimisean freagairtean sam bith don cho-chomhairleachadh.